



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

BPA, BP, BPE, comhairlichean – cò a tha a' dèanamh dè?

Tha a' bhileag seo a' mìneachadh nan dreuchdan a th' aig na fìofar riochdairean a th' agaibh ann an Alba, ag innse na tha iad a' dèanamh agus mar a gheibh sibh air fios a chur thuca.



'S ann do dhiofar bhuidhnean a bhuineas BPA, BP, BPE agus comhairlichean. Tha iad gur riochdachadh ann an diofar chùisean, agus tha iad a' tighinn gu co-dhùnaidhean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt oirbh ann an diofar dhòighean. Ma tha sibh airson cùis a thogail, bheir a' bhileag seo fiosrachadh dhuibh mun neach ris am bu chòir dhuibh dèiligeadh. Sa bhileig, gheibh sibh fiosrachadh mu na leanas:

- **Pàrlamaid na h-Alba:** 'S e seo a' bhuidheann a bhios a' dèanamh laghan ann an Alba ann an raon de chùisean Albannach, ris an canar cùisean tiomnaichte (faic td 4-5). Tha Buill Pàrlamaid na h-Alba, no **BPA**, gur riochdachadh ann am Pàrlamaid na h-Alba.
- **Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte:** 'S e seo a' bhuidheann a bhios a' dèanamh laghan airson Alba ann an cùisean glèidhte. Mar as trice, 's e cùisean a tha seo aig a bheil buaidh eadar-nàiseanta, no air feadh na RA, agus tha iad seo air taobh a-muigh cumhachdan Pàrlamaid na h-Alba (faic td 6-7). Tha Ball Pàrlamaid, no **BP**, gur riochdachadh ann am Pàrlamaid na RA.

- **Pàrlamaid na h-Eòrpa:** tha a' phàrlamaid seo cudromach ann a bhith a' cur laghan air chois a tha a' buntainn ri na ball-stàitean air fad san Aonadh Eòrpach (AE), an RA nam measg (faic td 8-9). Tha Buill Pàrlamaid na h-Eòrpa, no **BPE**, gur riochdachadh ann am Pàrlamaid na h-Eòrpa.
- **Ùghdarrasan Ionadail (comhairlean):** Tha 32 dhiubh seo ann an Alba, agus tha mòran de dhiofar sheirbheisean an urra riutha. Tha iad cuideachd an urra ri a bhith a' stèidheachadh ìre na cise comhairle, agus ga cruinneachadh, san sgìre air a bheil iad a' gabhail uallach (faic td 10-11). Tha comhairlichean gur riochdachadh nur comhairle ionadail.

Anns na duilleagan a leanas, gheibhear liosta de chuid de na dleastanasan a th' aig na riochdairean agaibh. A bharrachd air na dleastanasan aca, bidh mòran dhiubh a' gabhail pàirt ann an raon farsaing de ghniomhan eile, an leithid a bhith a' coinneachadh ri daoine sna sgìrean aca, a' bruidhinn aig diofar thachartasan, agus a' gabhail pàirt ann an tursan fiosrachaidh.



Cò a tha gam riochdachadh?

Tha ochdnar BPA a' riochdachadh gach neach ann an Alba ann am Pàrlamaid na h-Alba ann an Dùn Èideann: tha aon BhPA sgìreil ann, agus seachdnar BPA roinneil. Tha an aon inbhe aig gach BPA sa Phàrlamaid, 's tha an cothrom agaibh fios a chur gu fear sam bith den ochdnar. Gheibh sibh a-mach cò a tha gur riochdachadh agus mar a gheibh sibh air fios a chur thuca le a bhith a' cur ur còd-puist chun a' ghoireas lorgaidh air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba, no le a bhith a' bruidhinn ri Fiosrachadh Poblach.

Dè a bhios BPA a' dèanamh?

Tha na BPA a' riochdachadh na sgìre agaibh ann an raon farsaing de chùisean, ris an canar cùisean tiomnaichte. Faodaidh iad:

- pàirt a ghabhail ann an coinneamhan comataidh agus bruidhinn ann an deasbadan ann am Pàrlamaid na h-Alba
- laghan Albannach a th' air am moladh a dheasbad

- Riaghaltas na h-Alba a cheasnachadh
- mion-sgrùdadh a dhèanamh, agus bhòtadh air, molaidhean buidseat Riaghaltas na h-Alba.

Dè an cuideachadh a bheir BPA dhomh?

Gheibh BPA air ur cuideachadh ma tha iomagain oirbh a thaobh cùis tiomnaichte sam bith, mar eisimpleir:

- slàinte
- foghlam
- ceartas
- seirbheisean smàlaidh agus nam poileas
- taigheadas
- àrainneachd.

Fiosrachadh Poblach Pàrlamaid na h-Alba

Fòn: 0800 092 7500 no
0131 348 5000

Làrach-lìn:

www.parlamaid-alba.org

Post-d:

gaidhlig@scottish.parliament.uk

Tha aon BP sgèireil a' riochdachadh gach neach ann an Alba ann an Taigh nan Cumantan ann an Lunnainn. Gheibh sibh a-mach cò a tha gur riochdachadh, agus mar a gheibh sibh air fios a chur thuca, le a bhith a' cur ur còd-puist chun a' ghoireas lorgaidh air prìomh dhuilleig làrach-lìn Pàrlamaid na RA, no le a bhith a' fònadh Oifis Fiosrachaidh Taigh nan Cumantan.

Dè a bhios BP a' dèanamh?

Tha ur BP gur riochdachadh ann an cùisean ris a bheil Pàrlamaid na RA a' dèiligeadh, ris an canar cùisean glèidhte. Faodaidh iad:

- compàirt a ghabhail ann an coinneamhan comataidh agus bruidhinn ann an deasbadan ann an Taigh nan Cumantan
- laghan na RA a th' air am moladh a dheasbad
- Riaghaltas na RA a cheasnachadh
- mion-sgrùdadh a dhèanamh, agus bhòtadh air, molaidhean buidseat Riaghaltas na RA.

Dè an cuideachadh a bheir mo BP dhomh?

Faodaidh ur BP ur cuideachadh ma tha iomagain oirbh mu chùis ghlèidhte, mar eisimpleir:

- sochairean agus tèarainteachd shòisealta
- in-imrich
- dìon
- poileasaidh cèin
- fastadh
- malairt agus gnìomhachas.

Oifis Fiosrachaidh Taigh nan Cumantan

Fòn: 020 7219 4272

Làrach-lìn: www.parliament.uk

Post-d: hcinfo@parliament.uk

Buill Pàrlamaid na h-Eòrpa (BPE)

Cò a tha gam riochdachadh?

Tha sianar BPE a' riochdachadh Alba ann am Pàrlamaid na h-Eòrpa. Tha a' Phàrlamaid seo a' coinneachadh sa Bhruiseal agus ann an Strasbourg. Ge brith càit a bheil sibh a' fuireach ann an Alba, faodaidh sibh fios a chur gu neach sam bith den t-sianar. Gheibh sibh a-mach cò na BPE a th' agaibh, agus mar a gheibh sibh air fios a chur thuca, le a bhith a' tadhal air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Eòrpa no le a bhith a' cuir fios gu Oifis Pàrlamaid na h-Eòrpa ann an Alba.

Dè a bhios BPE a' dèanamh?

Tha ur BPE gur riochdachadh ann an cùisean Eòrpach. Faodaidh iad:

- a' mhòr-chuid de laghan ùra Eòrpach a th' air am moladh a dheasbad
- smachd a chumail air mar a tha an AE a' caitheamh airgead
- mion-sgrùdadh a dhèanamh air buidhnean-stèidhichte an AE air fad
- èisteachd ri athchuingean poblach a tha co-cheangailte ri cùisean an AE.

Dè an cuideachadh a bheir BPE dhomh?

Cuidichidh BPE sibh le cùisean a tha a' toirt buaidh air ball-stàitean an AE, mar eisimpleir:

- suidheachaidhean cosnaidh is obrach
- dìon luchd-ceannach
- leasachadh eaconamach
- co-ionannachd chothroman
- inbhean àrainneachdail
- iasgach is àiteachas.

Oifis Pàrlamaid na h-Eòrpa ann an Alba

Fòn: 0131 557 7866

Làrach-lìn: www.europarl.org.uk

Post-d:

epedinburgh@ep.europa.eu



Cò a tha gam riochdachadh?

Thathar a' roinn Alba ann an 32 comhairlean ionadail. Tha gach comhairle air a roinn ann an sgìrean beaga ris an canar uàrdan. Tha trì no ceithir comhairlichean a' riochdachadh gach uàrd, an urra ri meud an uàrd. Faodaidh sibh bruidhinn ri comhairliche sam bith a tha gur riochdachadh.

Chan eil rùm gu leòr sa bhileig seo airson gach comhairle is am fiosrachadh greimeachaidh a liostadh, ach gheibh sibh liosta de làraich-lìn nan comhairlean bho làrach-lìn Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA), no gheibh sibh am fiosrachadh airson ur comhairle san leabhar fòn ionadail agaibh.

Dè a bhios comhairlichean a' dèanamh?

Tha ur comhairlichean gur riochdachadh ann an cùisean a tha a' toirt buaidh air ur sgìre ionadail. Faodaidh iad:

- pàirt a ghabhail ann an coinneamhan comhairle / comataidh
- mion-sgrùdadh a dhèanamh air poileasaidhean agus air co-dhùnaidhean

mar ìrean cìse nan comhairlean agus mar a tha seirbheisean ionadail air an libhrigeadh.

Dè an cuideachadh a bheir comhairliche dhomh?

Cuidichidh comhairlichean sibh ma tha ceist oirbh co-cheangailte ri libhrigeadh nan seirbheisean nur sgìre, mar eisimpleir:

- còmh-dhail phoblach agus càradh rathaidean
- co-dhùnaidhean planaigh is ceadachd
- sgoiltean, leabharlannan, taighean-tasgaidh agus gailearaidhean
- seirbheisean obair shòisealta
- tional sgudail
- sochairean taigheadais agus cìs na comhairle.

Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA)

(airson fiosrachadh mur comhairle ionadail)

Fòn: 0131 474 9200

Làrach-lìn: www.cosla.gov.uk

Post-d: info@cosla.gov.uk

Airson barrachd fiosrachaidh air
Pàrlamaid na h-Alba, a ballrachd, a
obair agus a modhan-obrach,
cuiribh fios gu:



Seòladh Fiosrachadh a' Phobail
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann
EH99 1SP



Fòn 0131 348 5395 (Gàidhlig)
Fòn 0800 092 7500
0131 348 5000 (Beurla)

Tha sinn toilichte fios fhaighinn tro
sheirbheis *TextRelay*.



Teacs 07786 209888



Post-d
gaidhlig@scottish.parliament.uk



Làrach-lìn
www.parlamaid-alba.org



Twitter @ParlAlba



Blog
parlamaidalba.wordpress.com

Cuiribh fios thugainn ma tha sibh a' cur
feum air an fhiosrachadh seo ann an
cruth eile, mar eisimpleir, clò nan dall,
clò nas motha, ann an cànan eile, no
air teip.

Chan eil Pàrlamaid na h-Alba an
urra ris na th' ann an làraich-lìn
bhuidhnean eile.